

*Crioch Dheirionnach a Kaiser.*

*Neo an Gaidheal an Kaiser agus an Donas.*

*LE.*

*Maighstir Niall Mac Illeathain,*

*Bard a' Chomuinn Thirisdich.*

*Sold in aid of the*

*The Tiree Association Ladies' War Work Guild.*

---

**PRICE SIXPENCE.**

---

*Further Copies may be had on application to Members of the Committee.*

AONGHAS—

Thuirte Aonghas ris a Khaiser 's tu 'n amaileasg gun tùr,  
'S an gnìomh rinn thu 'm bliadhna cha mheudaich do cliù,  
Thug Bernhardi dhuinn fianuis air gach miann bha nad dhuil,  
Gach rioghachd fo 'n iarmailt bhi fo riaghladh do chruin.

AN KAISER—

Thuirte an Kaiser ri Aonghas cha robh iorghuill nam bheachd,  
Ach tha Breatunn 'si daonnan aig caontag le feachd,  
Togail chiseann neo-dhireach far rioghachdan lag,  
Ach tha mis ann am aonar cumail an t-saoghal so ceart.

AONGHAS—

Cha 'n 'eil thu idir nad' aonar 's aig an t-saoghal tha fios,  
Gun robh an Donas gad' sheoladh gealltainn gloir dhuit is mios,  
Gus an d' fhuair e fo spoig thu le sealtachd a chleas,  
Cha bu leir dhuit a bhrònain e bhi 'n toir air do sgrios.

AN KAISER—

Tha mòran de fhirinn 's gach ni tha thu gradh,  
Gheall e dhomh gum biodh sibhs' agus Eirinn aig blar,  
'S gun gluaiseadh e strìth dhomh 's na h-Innsibh an ear,  
Gun robh rathad gu Paras dhomh sabhailt gu beachd.

AN DONAS—

O Uilleam! O Uilleam! a bhurraidh gun ghò,  
Na creid thusa duin' thig a Eilean a' Cheò.  
Ma sheasas tu dileas 's nach diobar thu choir,  
Ni mis thu 'n ad iompair air gach mior de 'n Roinn Eoirp.

AONGHAS—

'S iomadh fear chur thu gorach le morchuis is uail,  
Sud am fasan a bh' agad cur cagar n'an cluais,  
'S tu gealltainn an comhnuidh dhaibh sonas bith-bhuan,  
Sud an ni nach gabh faotainn air an taobh so de 'n uaidh.

AN KAISER—

'S mór tha ormsa de dh'arachas gun d' thachair sinn riamh,  
Ach eadail nan gillean na innis do Niall;  
Tha fios gun deach mise air sligheachan fiar  
Ach cha toil leam na bàird a bhi sàs ann am bhian.

AN DONAS—

Tha thu gearran an comhuidh 's tha mòran gad dhith,  
Ach shaoilinn gu fagadh tu pairt agam fhein,  
Ged tha fuachd ort an drasd sa chlais bhlaire 's tu gun dion,  
Tha teas agus blas anns an ait a tha shios.

Gheall thu dhomsa le boidean mu 'n do thoisich an strìth,  
Gu'm biodh mort agus reubadh is léir-sgrìos 's an tìr,  
Tha so agamsa charaid le barantas sgrìobht,  
'S cumaidh mis thu rid 'fhacal 's an t-slat air do dhruim.

AN KAISER—

Air d'athais a fhleasgaich 's dean beagan d'ad bhosd,  
Mar a gheibh mis an cumhachd 's iad uile fom sgòd  
Bith do rioghachd-sa cuideachd an cunnart gu leoir  
'S air son sgrìobhadh air paipeir, na earb as rid' bheo.

AN DONAS—

Bha fios agam riamh gu robh thu breugach a'd dhoigh  
Se sin chuir mi laochainn an gaol ort cho mòr,  
Tha do thuarasdal cinnteach, chaidh a sgrìobhadh le Paul,  
'S ma leughas tu 'm Biobul gu 'm mìnich e'n cor.

AONGHAS—

Cha chreididh tu mise ach tha thu nis aig an sàs,  
Le teadhair mu d' mhuineal a bhurraidh gun stadh,  
Thoil do ghniomharan breuna do cheusadh gu bàs,  
'S cha n' aithne dhomh duine tha duileach mu d' chàs.

AN DONAS—

Thuirte an Donas ri Iudas, tilg an dùlanach gun dail  
'Sa chorp agus anam anns an teine nach cnàmh  
Cha robh neach air an t-saoghal a thug gaol dhomh cho trath,  
'S gheall mise air m' onair gum biodh oisean-san blath.

AN KAISER —

Nach ann dhomsa a chuideachd bh'an tubaist so 'n dàn,  
Dol do 'n t-shlochd tha gu iochdair measg mhilltean do ghraisg  
O nach bochd an ceann crìch e do rìgh bha cho àrd,  
Far 'm bith gul agus giosgail aig m' fhiacaillean gu brath.